




Gille Ruadh agus an cat



Gille Ruadh agus an cat



An teaca Nicola Moon
Dealbhan Kay Widdowson
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e luch bheag a bh' ann an Gille Ruadh.
'S e eun mòr dubh a bh' ann an Sgiathag.
Aon là chaidh Gille Ruadh dhan bhùth a lorg
biadh.




An uair sin chaidh cat dhan bhùth.
Bha esan cuideachd a' lorg biadh.



Chunnaic an cat Gille Ruadh.

“Ithidh mi an luch bheag,” thuirt an cat.



Chunnaic Gille Ruadh pìos càise.


“Ithidh mi an càise,” thuirt e.



Chunnaic Sgiathag Gille Ruadh.

“Stad! Stad!” thuir i.

“Tha mi a’ faicinn cat.”



Ach thuir Gille Ruadh,
“Chan eil mise a’ faicinn cat.
Tha mi a’ faicinn càise.”




Ruith Gille Ruadh chun a' chàise.
Ruith an cat cuideachd.




“O, mo chreach!” thuir Sgiathag.

“Ithidh an cat Gille Ruadh.”

Thàinig Sgiathag sìos, sìos, sìos.



Leum Sgiathag air bogsa,
agus thuit am bogsa air a' chat.



Theich an cat.



“Ith fhèin an càise a-nis,” thuirt Sgiathag.

“Nach ith thu fhèin criomag bheag cuideachd,”
thuirt Gille Ruadh.

Agus dh’ith iad an càise.